

## Tìotal: Àite Pearsanta agus Prìobhaideachd Ìre: TRÀTH



### Ceanglan Cfe

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
Tha mi ag ionnsachadh dè as urrainn dhomh a dhèanamh gus coimhead às dèidh mo bhodhaig agus cò as urrainn mo chuideachadh. HWB 0-48a Tha mi mothachail air gum feumar spèis a thoirt do shaorsa agus do chrìochan pearsanta dhaoine agus 's urrainn dhomh aithneachadh agus freagairt nan rudan a tha daoine a' cur an cèill tro chainnt agus ann an dòighean eile seach cainnt. HWB 0-45b	<ul style="list-style-type: none"><li>• A' sealltainn tuigse air prìobhaideachd agus stuaim, me a bhith a' dùnadh doras an taigh-bhig.</li><li>• A' cleachdadh chrìochan pearsanta le spèis dhaibh fhèin agus do chàch.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- Gun tuig clann cuin a bhios prìobhaideachd a dhìth orra
- Gu bheil clann a' tòiseachadh air tuigsinn mu chrìochan pearsanta.
- Gun aithnich clann nuair a tha iad 's nach eil iad a' faireachdainn sàbhailte ann an diofar shuidheachaidhean.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn gur ann leamsa a tha mo bhodhaig.
- Tha mi a' tuigsinn mu chrìochan pearsanta.
- Tha mi a' tòiseachadh air tuigsinn mu dhlùthachd fhreagarrach agus suathadh le diofar dhaoine.
- Tha mi a' tòiseachadh air tuigsinn na tha prìobhaideach a' ciallachadh agus cuin a tha prìobhaideachd a dhìth.
- Tha mi ag ionnsachadh mu na bu chòir dhomh a dhèanamh ma tha mi mì-chofhurtail ann an cuideachd chuideigin eile.

### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

### Prìomh fhaclan/briathrachas

Prìobhaideach/ Prìobhaideachd

Àite pearsanta

Dlùth/dlùithe

## OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fìor cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, mar sin tha beachdan an seo air leabhraichean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

Tha an t-ionnsachadh co-cheangailte ris na tèamaichean *Mo bhodaig agus 'S ann leamsa a tha mo bhodhaig* aig Tràth Ìre far a bheil ainmean nam pàrtean prìobhaideach den bhodhaig air an aithneachadh agus na h-ainmean air an ionnsachadh.

Tha na molaidhean seo do chlann san fharsaingeachd. Ge-tà ma tha sibh ag obair còmhla ri clann a tha feumach air cùram pearsanta, tha e cudromach gun smaoinich sibh air mar a tha cead ga iarraidh nuair a tha sibh a' toirt dhaibh rud a dh'fheumas iad (fiù 's ged a b' e rud a th' ann a bhios tu a' dèanamh dhaibh gu cunbhalach), agus mar a tha thu ag innse do chlann mu na tha thu a' dèanamh fhad 's a tha thu ga dhèanamh (mar a tha thu a' mìneachadh na tha thu ris).

### a. Crìochan Pearsanta

<b>A' tuigsinn mu chrìochan pearsanta</b>	<p>Cuidich tuigse a' phàiste mu cho faisg 's a tha iad airson a bhith air clann eile.</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Ma tha a' chlann ann an loidhne, bruidhinn gu socair ri clann a tha a' faireachdainn gu bheil clann eile ro fhaisg orra, faigh a-mach mar a tha iad a' faireachdainn aig an àm, cuidich iad gus an cur an cèill do phàist' eile.</li><li>• Bruidhinn san aon dòigh ri clann ma tha iad nan suidhe còmhla air brat-ùrlair.</li><li>• Faighnich ceistean dhan chloinn. "A bheil barrachd rùm a dh'fhàid ort? Cò chuidicheas...?"</li></ul>
<b>A' tuigsinn mu chrìochan pearsanta do chlann aig a bheil feumalachdan a bharrachd (no dhan h-uile duine!)</b>	<p>'S dòcha gum bi feum aig cuid (no mòran) de chlann air taic a bharrachd le seo. Ann am buidheann, aon ri aon no còmhla ri co-aoisean dh'fhaodadh sibh:</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Obrachadh còmhla ri pàiste a' coimhead air na tha a' faireachdainn 'ro fhaisg' dha no dhi. Cleachd rud mar hula hoop gus beachdachadh air crìochan agus na tha faisg gu leòr agus ro fhaisg – cleachd i ann an dòigh spòrsail gus coimhead air a' chùis seo 's dòcha a-muigh.</li><li>• 'S dòcha gun còrd e ri clann (agus gun gabh geam dèanamh dheth) riaghailt a' bhuilgein – far a' bheil thu a' faicinn builgean timcheall air gach neach agus far nach bi thusa a' dol a-steach dhan bhuilgean acasan – no rudeigin nas fiosaigaiche, riaghailt nan uilnean – làmhan air an cruachain ,</li></ul>

---

	<p>ma tha uilnean a' suathadh ann an neach eile tha sin ro fhaisg.</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Cuidich a' chlann a' togail shanasan . Ma tha cuideigin a' gabhail ceum air ais bhuaat, dè tha sin a' ciallachadh? Dè an coltas a bhios air neach ma tha iad caran iomagaineach no mì-chofhurtail?</li></ul>
<b>Iarr cead</b>	Mar thidsear/neach-foghlaim iarr cead a' phàiste tighinn nas fhaisge orra no tighinn seachad air na crìochan pearsanta/dhan bhuilgean aca: Am faod mi suidhe rid thaobh airson...?
<b>Lorg na faclan: Ag aithneachadh agus ag ainmeachadh conaltradh gun chainnt</b>	Nuair a bhios clann a' cluich agus tu ag aithneachadh nam faireachdainnean aca a thaobh cho faisg 's a tha iad air daoine eile no a' bhuidh a th' aig giùlan orra, cuidich iad gus aithneachadh agus a' cur ainm ris na faireachdainnean aca. <i>Iain, ciamar a chanadh tu a tha Micheal a' faireachdainn an-dràsta? A Mhìcheal, a bheil faclan agad a dh'innseas do Iain mar a tha thu a' faireachdainn?</i>
<b>Dè bu chòir dhut a dhèanamh ma tha cuideigin ro fhaisg?</b>	Fhad 's a tha thu a' bruidhinn agus a' cur obair air dòigh timcheall air na crìochan pearsanta aca, thoir a-steach a' bheachd gum faod clann rudeigin a ràdh no a dhèanamh ma tha cuideigin ro fhaisg – ged a b' e pàiste no inbheach a bha sin. Faodaidh sibhse a dhèanamh mar chluich mas-fhìor, agus ionnsaich a' chlann na leanas a dhèanamh: <ul style="list-style-type: none"><li>• Gabh ceum air ais/gluais air falbh.</li><li>• Coisich air falbh.</li><li>• Iar air no can ris an neach gluasad air falbh/sgur a shuathadh annta.</li><li>• Iarr cuideachadh bho inbheach.</li></ul>

---

## **b. Prìobhaideachd**

---

<b>A' dol dhan taigh-bheag iad fhèin/ le prìobhaideachd</b>	Bidh fios aig an luchd-obrach dè an taic a bhios a dhìth air gach pàiste – airson clann eile thoir dhaibh stiùireadh – aon phàiste anns gach ciubacail/a' dùnadh an dorais/gun a dhol a-steach ma tha pàiste sa chiubacail/taigh-bheag.
<b>A' mìneachadh na tha prìobhaideach a' ciallachadh – beachdan airson còmhraidh air prìobhaideachd</b>	Do mhòran chloinne bidh feum air tilleadh chun nan còmhraidhean seo gu cunbhalach tron bhliadhna: Seo cuid de na prìomh phuingeann: <p>Ma tha rud prìobhaideach 's ann leatsa a tha e.</p> <p>Tha cuid de rudan prìobhaideach –</p> <ul style="list-style-type: none"><li>• Ma tha rud leatsa 's dòcha gur e rud prìobhaideach a th' ann, ach seo na rudan a tha leat gu sònraichte, me do bhaga no an dèideag as fheàrr leat.</li><li>• Ma tha cuideigin ag iarraidh còmhraidh prìobhaideach 's dòcha gum bruidhinn iad le guth sàmhach ri neach eile, mar sin chan</li></ul>

---

eil iad airson gun cluinn duine eile bhon a tha seo  
prìobhaideach (feumaidh seo a bhith air a dhaingneachadh le  
ionnsachadh air mo bhodhaig/fèin-riaghladh na bodhaig).

Tha cuid de dh'àiteachan prìobhaideach, me ciubacail san taigh-  
bheag, no rùm-cadail cuideigin.

Tha cuid de phàirtean na bodhaig prìobhaideach (ceangail ri  
ionnsachadh eile)

---

## **LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHLA NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD**

### **Thoiribh sùil air an liosta sllàn a gheibhear aig Tràth-ìre.**

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraidh dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachadh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### **No Means No!**

Jayneen Sanders agus Cherie Zamazing (ISBN 1925089223)

'S e leabhar-dheilbh chloinne a th' ann an 'No means No!' mu nighean bheag aig a bheil beachdan làidir agus soilleir air gach cuspair, gu h-àraid a thaobh a bodhaig agus crìochan pearsanta. A' teagasg mu chrìochan pearsanta, aonta.

### **Miles is the boss of his body**

Samantha Kurtzman-Counter agus Abbie Schiller (ISBN 0989407136)

Air an t-6mh co-là breith aig Miles, chan eil uiread a thoileachas aige nuair a tha a theaghlach ga bhìdeadh, ga fhàsgadh cus, ga thogail agus ga dhiogladh an aghaidh a thoil 's tha e a' cur roimhe gu bheil siud gu lèor! Nuair a tha Miles a' cur roimhe gur esan ceannard a bhodhaig fhèin, tha a theaghlach gu lèir a' toirt taic dha a thaobh a chrìochan pearsanta.